

H.M. 113.

113

1





LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

LITIR CHUIMHNEACHAIN

AN T-SAIGHDEAR GU CHARAID.

AIR FONN,—“*Dochas a' Chreid'ich.*”

AN Tobarmhoire tha mi
Nuair sgrìobh mo làmh na sreathan so,
Di-luain an deigh Fheill-màrtainn
Chuir cànan air mo bhreathnachadh :
Tha mìle bliadhna slàn ann,
Ochd ciad gu leth an àircamb,
'S a sia o bhliadhn' ar Slàn'fhir,
A reir 's mar dh' fhàgadh brath againn.

A ghaoil a charaid thàlaidh
Thu 'd dheigh cho làidir m' aigne leat,
'S nach amais mi bhi sàmhach
Gun a bhi 'g ràdhtuinn fhacal riut ;
Tha sud a' toirt ceann-fàth dhomh
Na cuimhneachain so chàradh
An uidheam litir Ghaelig
A sìos 'san dàn a leanas dhuit.

Tha agam dhuit r'a innsé,
M'an inndrinn mi 'san eachdraidh so,
Gu'n d'fhuair mi litir sgrìobht' uait,
'S ann leam bu bhinn a teachdaireachd,
Gu'n d'fhuadaich i mo mhi-ghean,
Nuair chuala mi na bh' innte,
'S dh' ath-nuadhaich i do m' inntinn
Na chuir mi sìos gu beachdail dhuit.

Gu bheil mi fein mar b' àbhaist
 Ga m' shàrachadh 's a bhaile so ;
 Gidheadh a ta mi 'm shlàinte
 'S gu'r dàna dhomh 'bhi talach air
 A chuibhrionn a's an tàlant
 A dheonaich Dia nan gràs dhomh,
 O'n 's ann an taobh so 'n bhàs
 A tha h-uile cràdh ri amas rium.

Cha di-chuimhnich gu bràth mi
 'S cha leig mi 'n tràs' guth thairis air,
 Do chùram dhìom 's do ghràdh dhomh,
 Nuair bha mi 'n àmhghar carraideach ;
 Nuair chuir mi mach air Sàtan,
 Bu dìlis dhomh 's a bhlàr thu,
 Oir bha thu 'measg na h-àircamh
 A ghabh mo phàirt 's mi cathachadh.

Bu fhreagarrach ri m' bhreòiteachd
 Do chòmhradh rium air amannan,
 Bhiodh briathran Rìgh na glòire
 Gu sòluimte g' an aithris leat ;
 'S tu dh' innis dhomh 's tu còmhl' rium
 Gu robh e 'g ràdh, "Mair beò' rium,
 Thug sud dhomh neart gu còmhrag,
 'Nuair bha mo threòir a' lagachadh.

Tha cuimhn' a'm mar an ceudna
 Gu'r tu bha eudmhor cathrannach,
 Ga m' bhrosnachadh gu treun'tas,
 Gu treibhdhireach gle fhaicilleach,
 'S tu 'g innse dhomh mur géillinn
 Gu deonach le m' thoil fein daibh,
 Gu 'n cuirinn ruaig air *legion*—
 'S le còmhnadh Dhe gu'n sgathainn iad.

'S i Eilidh piuthar do mbàthar
 Bu tràthaidh thug an aire dhomh,
 Toirt m' aghaidh air an nàmhaid
 A ghleidh a'm thràill cho fada mi ;
 Nuair chonnsaich sinn gun chàirdeas,
 'S ann air mo thaobh-sa bha i—
 'S i 'taghadh 's a cur lamh rium
 Nan arm a b' fhearr a b' aithne dhi.

'S ged bha i fein an tràth sin
 Làn cùraim, sgàth a's faiteachais,
 An t-eagal nach d' rinn gràs innt'
 An caochladh slàinteil, aithreachail :
 'S i thug an dearbhadh àraidh
 'Na buntainneas ri m' chàs-sa,
 Gu'm b' aithne dh' i mo chàradh
 'S i 'sìor chur phlàsd ri m' acaidean.

D'a leanabh mar bhiodh màthair,
 Bha Eoghan bàn ga m' atamachd ;
 Na 'm b' urrainn e 's e b' aill leis
 Do ghnàth bhi cumail taice rium ;
 Bu toigh leis a bhi lamh rium
 'S gach aodhabull bu ghàbhaidh—
 'S e ghiulaineadh le m' fhàillinn,
 Nuair chiùradh càch gun athadh mi.

Ged bha mi 'n toiseach m' òige,
 'Ruith deònach anns an amaideachd,
 Bha 'shuil am dheigh an còmhnuidh,
 'S b' e nòs a bhi 'toirt rabhaidh dhomh ;
 Bu tric bhiodh e gu brònach
 Air freiceadan na ònrachd,
 'S e 'glaodhach gu'n robh dòruinn
 'Tigh'nn air mo thòir an rathad sin.

Bu toileach teachd am chòmhnadh
 Catriona chòir Nì'e Eacharna,
 Bha cridhe laist' le sòlas
 'S a deoir a' sileadh frasachail ;
 Nuair chual i gu'n do thòisich
 An tuasaid bha i deonach
 Gu'm biodh i buadhmhor dhomh-sa,
 'S gu'r h-ann an glòir a stadadh i.

Nuair bha mi eutrom, gòrach,
 Gu misgeach, ceòlmhor, fanaideach ;
 'S iad comhairlean na còrach
 Gu stòlda bhiodh i 'tabhairt dhomh,
 Nuair chuimhnich mi faidheoidh air
 A h-achmhasain neo-ghòthail,
 Bha h-eisimpleir 's a còmhradh
 A' toirt dhomh fòghlum macanta.

Nuair bha mi'n teas na caonnaig
 Bu chaomhail Nial Mac Lachainn rium,
 Nuair ghearain mi air daoine
 Nach saoilinn bhiodh nan grabadh dhomh ;
 Thuirt ésan rium gun saobhadh,
 "Ma leanas tu 'm Fear-saoraidh,
 'S geur-leanmhuinn ort ni 'n saoghal,
 Bi daonnan ann a t' fhaireachadh."

Bu tùrail, steidheil, bàigheil,
 A chànain a bh' aig Anna rium,
 'G ràdh "Feuch gu'm bi thu làidir
 'S a ghràs a rinn thu aideachadh,
 'S gu'm bi thu a' d' shaighdear stàthail,
 Cho ghleusd' air taobh an t-Slàn'fhir,
 'S a bha thu 'n seirbhis Shàtain,
 'S na gleidh do thàlann falaichte."

Ged bha mo chàirdean feòlmhor
 An geall air sòlas aiseag dhomh,
 Cha b' aithne dhoibh mo sheòladh
 A reir na dòigh 's am faighinn e ;
 A's thuirt iad gu'm bu leoir dhomh
 Gu 'n d' theich mi mach á Sòdom,
 'S nam fanainn anns a chòmhnard
 Gu seachnainn mòran anastachd.

Bha 'n dream nach do chuir cearr mi
 Nan càirdean 'an dà rathad dhomh,
 'S bha fhios aca gu sàr-mhaith
 Gu'r h-ann le spàirn a's allaban,
 A gheibhinn dol do 'n àros
 Anns am bheil fois air fhàgail,
 Do 'n t-sluagh a fhuair 's an fhàsach
 An sàrachadh le h-Amelic.

A's uime sin b' e'n dùrachd
 Gu'n siubhlain-se gu cabhagach,
 A mach á tir mo dhùchais
 'S nach d' thoirinn sùil air m' ais oirre,
 Iad fein cho treun 's bu dù dhoibh
 Ga m' dhion le 'n claidh'ean rùisgte,
 Ga m' eiridinn gu mùirneach
 'S a gleachd an ùrnuigh maille rium.

Ach bha mi 'n cunnart bàsmhor
 A dh'aindeoin chàirdean lag-chuiseach,
 Bha chuid bu mhò de 'n ghàbhadh
 'S an àr ud dhoibh neo-fhaicsinneach ;
 'An diomhaireachd nan àirnean
 'S 'an doimhneachd nan ceud-faithean,
 Gu cuilbheartach bha 'n *Dragon*
 Gun iochd a' sàthadh ghathannan.

Is iomadh dreach a's dealbh chuir
 An ccalgair air gach saighead dhiubh,
 Bu lionmhor mìn a's garbh iad,
 'S bha àireamh searbh a's blasda dhiubh ;
 Bha gealtachd agus dalmachd,
 Bha teagamh agus dearbhachd,
 Bha firinn 's breug mar chalg orr,
 'S bu teinnteach, marbhtach, sgaiteach, iad.

Eha mise beò ga m' riasladh
 'S bu phiantail iad do m' fhaireachdainn,
 Troimh m' chridhe thilg e fiar iad
 Air los mo Thriath a mhaslachadh ;
 Ach cha do thuig mi riamh mar
 Bha m' anam na shràid dhian dha,
 Gus an do shoillsich grian 'o
 Na h-iarmailtean 's an tall' aige.

'S e 'n Grandach o Shrath-Spé chuir
 An séisdeadh ris a ghearasdan,
 'S an d' thuinich an luchd-réubainn
 A spùin, a chréuchd, 's a theannaich mi ;
 'S ann agam a bha 'm feum air
 Nuair thàinig e 's mi 'm eiginn,
 'S i 'n trompaid rinn e shéideadh
 A chrath o 'n stéidh na callaidean.

Air gualla Chnochd-an-àireamh
 Bha 'n iomarbhaidh bu chais' a bh'ann,
 'Nuair rinn mo mhisneach m'fhàgail
 Leig eadar càch a's Alasdair,
 Bha Belsabub a's Mamon
 Na aghaidh le'n cuid pràbair,
 Ri coire 'san t-seann làraich
 'S cha'n fhàgadh iad gu'n tabaid e.

Ach cha b' e 'n armachd fheadhmhor
 'S an d' chuir e dhòigh g'an sgapadh as,
 Ach cumhachd o Iehòbhah
 Gu leagail thòrr a's chaistealan,
 A' tilgeadh sìos gun sòradh
 Gach reusanachadh neonach—
 Fein-àrdachadh, 's faoin-dòchas
 Bha'n aghaidh còir Emanuel.

'N uair leag e dìdein-bhréige,
 'S a b'éiginn do na ceannaireich
 A thigh'nn a mach air réidhleis
 Bu déurach bha mo staid-sa dheth;
 Dh'fhàs cuid diubh ni bu déine
 Gu coimhlionadh gach éucoir,
 'Toirt dubhlan do na nèamhan,
 'S cuid eile 'g éigheach maitheanais.

Ged b' anmhanna dheth féin e
 Rinn neart bu treine gaisgeach dheth,
 Nuair dh' àrdaich e 'n crann-ceusaidh
 'S aon ungte Dhe mar bhrataich air,
 Cho luath 's a fhuair mi léursainn
 Air suaicheantas nan créuchdan,
 Ghrad tharrainn e na dheigh gu
 Bhi' n reiseamaid nam Baisteach mi.

Oir fhuair mi òrdugh dìomhair
 A thug an Rìgh le fhacal domh,
 Teachd thuige fein d'a rioghachd
 'S gu sìorruidh nach cuir' aise mi;
 An sin gu'n tugta fireanntachd,
 Aoibhneas agus sìth dhomh,
 Le Spiorad Naomh na firinn
 A dh'iompaicheadh o' m pheacaidh mi.

Nuair thuig mi suim na tairgse
 'S a dhearbh e dhomh gu'n gabhte rium,
 Do chleachd mi gu neo-chearbach
 Gach àrm a mhol an t-abstol dhomh,
 Le claidheamh, sgiath, a's ceanna-bheairt
 Gu d' rinn mi casgairt ghailbheach,
 Chaidh ifrinnich a mharbhadh,
 A chuid nach d' fhalbh car tachdain diubh.

'Nuair thàinig mi do 'n rioghachd
 'S ann dìreach thar an amhaichean,
 Bha cuid a lean air strì rium
 A chaill na cinn mu'n starsainnich ;
 'N sin shnàg air sabhd a' milltear
 Nuair dh' fhàgadh gann a dhillsean,
 'S nuair thàn' mi teann air Iosa
 Cha robh na innleachd leantuinn rium.

Am bruthach Ghlaic-na-criche,
 'S mi tùrsach dìblidh, ainniseach,
 Nuair bha mo chorp a's m' inntinn
 Air sgìtheachadh, 's a' fannachadh ;
 'S ann thàinig Prionns' nan rìghrean
 Am choinneamh 's rinn e sìth rium,
 Nuair bheachdaich mi air iomhaigh
 Thug e d'a thir le caithream mi.

M'an gann a fhuair mi innte
 Bha iomadh ni dhomh aithnichte,
 Nach tuig aon neach ach firean
 Ged dh' innste dha le aingeal iad,
 Thug làithaireachd na Trionaid
 Dhomh eòlas runa diomhair,
 'S chaidh ccsamhlachdan brioghmhor
 A mhineachadh gu farsuinn dhomh.

An taobh a stigh d'a crìochan
 Tha millseachd agus maisealachd,
 Mar chuala mi 's a Bhiobull
 Is ann air chinnt a bhlaiseadh leam,
 Bha m' anam air a lionadh
 Le h-aighear agus ioghnadh,
 'S thug glòir an Tighearn Iosa
 Làn aoibhneas fìor do-labhairt dhomh.

Bha'n Comhfhurt' ear gu gràs mhor
 Ga m' shàsachadh le bheannachdan—
 A' buileachadh na slàinte
 Thug gàirdeachas a'm anam dhomh;
 A' cuimhneachadh gach fàbhar
 A rinn e rium 's mi 'tair air;
 'S gu sònraichte bu ghnàth leis
 Bhi 'nochdadh gràdh an Athar dhomh.

Bu chinnteach pailt mo shòlas
 Le dìrdhearcas an taisbeanaidh;
 Ach thugadh sgoib 'san fhèidil dhomh
 M'an dìreadh pròis ro fhada leam:
 'S cha chubhaidh dhomh bhi bòsdail
 Ged bhuadhaich mi 's a' chòmh-stri,
 'S e gràs a thug dhomh dòchas
 Nach bi mo ghlòir na masladh dhomh.

B' e sud am bior a leòn mi
 Air iomadh seòl nach abair mi,
 'S a dh'fhàg mi ann am dheòraidh,
 Gu brùite, brònach, gearanach;
 'S nach b' fhuileachdach luchd m' eòlais,
 Thug cuireadh dhomh gu còmhrag
 Mu'n d'fhuirich iad ri fhèdraich
 An d'thiginn beò o m' anshocair.

Bu bheag mo ghaol air stréupaid
 Mar itheadh éud a thighe mi,
 Nuair chualas reachd ar Dé-ne
 Ga mheas mar bhréugan amadain ;
 A's mise mar fhear-réubainn
 A chionn gu'n d' thug mi géill dha,
 'S gu'n d' lean mi ann a chéumaibh
 Air aithne féin do'n abhainn e.

Bha cumasg sluaigh na h-àr-fhaich
 'S e 'n cràbhadh bh' aig an athraichean,
 A thog am fearg gu bàinidh
 Nuair chaidh mo ghnà'chadh tarsuinn air,
 A's air a chréud tha 'm fàbhar
 Na diadhachd tha thaobh nàduir,
 Teachd dh' ionnsuidh 'mhic o 'n phàrant'
 Le h-uisge 'mhàin a chrathadh air.

S e 'n dream a sgar o chàch dhiubh
 Bu dàine dhol am charamh-sa,
 Nuair dh' eireadh iad gu 'n àirde
 Bu chàpraiteach am bannal iad ;
 'S air dhoibh bhi dh' inntinn Chàin
 'S ann dh' iteadh iad gu bàs mi,
 Do bhrìgh nach creidinn iad-san
 Roimh 'n t-Slàn'ear 's a chuid Abstolan.

Is iomadh gnùis gun nàire
 Le suil mì-thlàth gun fhaiteachas
 A dh' amhaire gu neo-sgàthach
 Air m' aodan bàn a's fallas deth,
 A's teanga thioram thàireil
 'S am beul air chrith le h-àrdan,
 Rinn cathachadh air sràid rium
 A dh' fheuch an àich'inn m' aideachadh.

Ach riamh cha robh na 'n dùbhlain
 Na dhrùigheadh air mo charachadh,
 Do bhrìgh gu 'n deachaidh m' ùr-bhreith
 'S mi air a ghrund a b' fhallaine ;
 'S bha seisear dhomh nan cùl-taic
 Marc, Mata, Eoin, a's Lucas,
 Sim' Peadar 's Pòl, a stiùr mi
 Gu steidh rinn tùr air carraig dhomh.

Ged fhuair mi lotan déis'neach
 O iomadh treubh thug deannal dhomh,
 A bheireadh sìos do 'n éug mi
 Mur biodh an léigh cho fagus dhomh,
 Ach theasraigeadh mi 'r éiginn
 Gun chiorram ach na leighseas ;
 'S ni fuil na h-iobairt-réitich
 A h-uile béud a ghlanadh dhìom.

Cha bhi mi uile 'cainnt air
 Na h-aimreitean roi' 'n deachaidh mi,
 Ach 's còir dhomh bhi ro-thaingeil
 Nach d' fhuair iad gainntir glaist umam,
 Do Chrìosd a leig a fann'g mi—
 'S e 'n t-slighe dhìreach, aimhlea'n,
 'S e fòs mo dhion 's mo dhaighneach
 'S an rioghachd shaibhir, thaitnich so.

Cha b' fhar-ainm d'a h-ìochdrain
 "An Eaglais rioghail, chathachail,"
 Nuair gheibh i buaidh gu h-ìosal
 'S ann dhìreas i do fhlaithneas ;
 O! bhràthair, biodhmaid dìleas
 Air taobh ar rìgh 's ar rioghachd,
 'S nuair ruigeas sinn beinn Shìoin
 'S ann chì sinn mar a thachras dhuinn.



Ged tha ar baile daighnicht
 Tha ainneart air a chaitheadh oirnn
 Le lionmhorachd de naimbdean
 Th' air campachadh m'a bhallachan,
 'S e 'n dleasnas anns an àm dhuinn
 Bhi 'n earalas gach mealltair—
 A' cumail gath 's an laimh so,
 'S an lamh ud teann a' clachaireachd.

O n' chreid sinn ann an Iosa,
 'S a rinneadh sìol na mnatha dhinn,
 Tha farmad, fuath, a's mi-run,
 Gu buan aig sìol na nathrach dhuinn ;
 Ach gheibh sinn buaidh mur strìochd sinn
 Air uachdran an t-sluichd ìochdraich,
 Trìd cumhachd Dhia na sìochaint
 A bhruthas sìos fo'r casan e.

An diugh na tha air m' inntinn
 Cha chuir mi sìos ni's faide dhuit,
 Gu'n fhios le tuilleadh dìchill
 Nach sgrìobhainn litir-naigheachd dhuit ;
 Ach sguiridh mi gu tìomail,
 Ag ainmeachadh co mi dhuit,
 'S mi daonnan t-Eachann dìleas—
 A ghaoil ! mo mhìle beannachd leat.

GLASGOW:
 PRINTED BY A. SINCLAIR, 62 ARGYLE STREET.

MDCCLVII.

